

Plana Gàidhlig

Comhairle Siorrachd

Rinn Friù

2024-29

www.renfrewshire.gov.uk



Bòrd na
Gàidhlig



Renfrewshire
Council



RO-RÀDH

Tha e na rùn aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù a bhith a' cumail taic ri leasachadh na Gàidhlig nar buidheann agus nar coimhearsnachdan.

Tha Plana Gàidhlig 2024-2029 a' cur an cèill ar n-amasan a thaobh na Gàidhlig airson nan còig bliadhna ri teachd. Tha sinn air ionnsachadh bho obair a rinn sinn roimhe, air èisteachd ris an luchd-ùidh againn, agus air beachdachadh air cothroman gus ar cuideachadh le bhith a' comharrachadh ghnìomhan a tha sinn a' smaoinichadh a dh'àraicheas agus a bheir fàs air a' Ghàidhlig a rèir feumalachdan ionadail.

Tha a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach den dualchas choitcheann againn agus den dearbh-aithne nàiseanta againn, agus tha sinn moiteil às an dualchas chultarach bheartach aice. Bheir sinn taic do ar coimhearsnachdan gus seo a chomharrachadh agus gus na buannachdan a thig an lùib na Gàidhlig a thoirt gu buil. Cuidichidh seo sinn le bhith a' gleidheadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Rinn Friù mar chànan a tha follaiseach, air a cleachdadh agus dha bheilear a' toirt spèis.

Janie O'Neill
Stiùiriche Seirbheisean Cloinne

Clàr-innse

1. Ro-ràdh.....	Taobh-duilleig 4
2. Prìomh phrionnsabalan.....	Taobh-duilleig 9
3. Gealltanasan a' Phlana	
a. Amasan Àrd-ìre.....	Taobh-duilleig 11
b. Amasan Sheirbheisean Corporra.....	Taobh-duilleig 15
4. Foillseachadh.....	Taobh-duilleig 23
5. A' goireasachadh a' Phlana	Taobh-duilleig 24
6. A' sgrùdadh a' Phlana	Taobh-duilleig 25
7. Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach	Taobh-duilleig 26

1. RO-RÀDH

Tuairisgeul air Comhairle Siorrachd Rinn Friù

'S e ùghdarras ionadail de mheud meadhanach a th' ann an Comhairle Siorrachd Rinn Friù a tha stèidhichte ann an taobh an iar na h-Alba agus a tha a' frithealadh sluaigh de mu 184,000. Tha uallach air a' Chomhairle airson a bhith a' toirt seachad raon de sheirbheisean poblach a' gabhail a-steach foghlam, cùram sòisealta, taigheadas, rathaidean agus ath-chuairteachadh. Tha a' Chomhairle 270 cilemeatair ceàrnagach de mheud, le measgachadh de bhailtean-mòra soirbheachail, bailtean-beaga beòthail, agus bailtean dùthchail. Tha gnìomhachas is malairt fallain san sgìre, le leasachaidhean leantainneach air bun-structar ionadail gus taic a chumail ri saothrachadh adhartach. Tha dualchas togte agus cultarail beairteach aig an sgìre cuideachd, le gu leòr chomharran-tìre sònraichte agus raointean fosgailte a tha a' cumail taic ri gnìomhachas turasachd làidir.

Tha Prìomh Oifis Comhairle Siorrachd Rinn Friù stèidhichte ann am Pàislig, am baile as motha ann an Siorrachd Rinn Friù. Tha mu 8500 luchd-obrach aig a' Chomhairle agus 's i fear de na fastaichean as motha san sgìre.

Tha 43 buill thaghte aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù a tha a' riochdachadh 12 uàrdan-taghaidh ioma-bhall, le 3 no 4 chomhairlichean aig gach uàrd.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu Chomhairle Siorrachd Rinn Friù agus mun sgìre aice air www.renfrewshire.gov.uk

Prìomhachasan na comhairle

Tha prìomhachasan Chomhairle Siorrachd Rinn Friù air am foillseachadh ann am Plana na Comhairle. Tha am Plana làithreach a' ruith bho 2022-2027, agus a' comharrachadh nan còig builean ro-innleachdail a leanas:

- Brosnaichidh sinn coimhearsnachdan coibhneil agus ceangailte far a bheil saoranaich moiteil às an **àite** sa bheil iad a' fuireach
- Cumaidh sinn taic ri **eaconamaidh** ionadail a tha làidir agus sùbailte
- Tha sinn airson 's gum bi Siorrachd Rinn Friù na àite **cothromach**, far am bi daoine a' faireachdainn sàbhailte, agus a' faireachdainn gu bheil taic agus cumhachd aca
- Obraichidh sinn a dh'ionnsaigh àm ri teachd nas **uaine**.
- Mar bhuidheann, bidh sinn air ar stiùireadh le ar **luachan**, a bhith cothromach, cuideachail, co-obrachail agus a' cur luach air ionnsachadh.

Aig cridhe seo uile, tha ar miann gum bi beatha gaolach, sona aig clann uile Siorrachd Rinn Friù far am bi na h-aon chothroman aig a h-uile duine agus far am bithear ag àrach sunnd.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh Comhairle Rinn Friù

Is e Cunntas-sluaigh 2011 an sealladh as ùire a th' againn air sgilean Gàidhlig ann an coimhearsnachdan Siorrachd Rinn Friù. Tha an Cunntas-sluaigh a' sealltainn gu bheil àireamh bheag de luchd-còmhnaidh ann an Siorrachd Rinn Friù le sgilean Gàidhlig, leis an àireamh dhaoine a tha a' tuigsinn, a' bruidhinn, a' leughadh, no a' sgrìobhadh na Gàidhlig air dol sìos anns na bliadhnaichean mu dheireadh, bho 1837 ann an 2001 gu 1586 ann an 2011. Ach tha dà fhigear a tha a' dol an aghaidh an treind seo. Chaidh an fheadhainn a tha "a' bruidhinn, a' leughadh agus a' sgrìobhadh Gàidhlig" agus "an fheadhainn a bhruidhneas ach nach leugh no sgrìobh Gàidhlig" suas le dithis agus le sia duine deug. Tha coimhearsnachd Ghàidhlig bheag aig Siorrachd Rinn Friù, ach tha sinn dealasach a thaobh taic sheasmhach agus cothroman ionnsachaidh a thoirt seachad a rèir am feumalachdan agus am miannan. Bheir toraidhean Cunntas-sluaigh 2022 cothrom dhuinn ath-sgrùdadh a dhèanamh air na h-àireamhan sin agus tuigse fhaighinn air buaidh na h-obrach a rinneadh sna beagan bhliadhnaichean mu dheireadh gus solar Gàidhlig a neartachadh.

Tha a' Chomhairle agus na com-pàirtichean againn soirbheachail ann a bhith a' lìbhrigeadh phrògraman thachartasan cultarach, a' co-obrachadh le buidhnean agus comainn gus ìomhaigh Siorrachd Rinn Friù agus ar tairgse do luchd-tadhail a thogail. Far an gabhadh e dèanamh, tha sinn air feuchainn ri solar Gàidhlig a thoirt a-steach, leithid ceòl Gàidhlig a thoirt a-steach dhan fhèis ciùil chunbhalach againn *Spree*. Bidh sinn cuideachd a' cumail taic ri buidhnean a tha airson a' Ghàidhlig a thoirt air adhart gu h-ionadail, a' cleachdadh an cuid eòlais gus fìor chothroman ionnsachaidh is leasachaidh a thoirt seachad.

Chaidh am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail ann am Pàislig san Dàmhair 2023. Chaidh an fhèis nàiseanta ochd-latha a chur air dòigh leis a' Chomunn Ghàidhealach, le taic bho Chomhairle Shiorrachd Rinn Friù, a' gabhail a-steach raon de chuspairean farpaiseach, a' gabhail a-steach òrain Ghàidhlig, bàrdachd, litreachas, dràma, ionnsramaidean, dannsa Gàidhealach agus spòrs. A bharrachd air seo, bha tachartasan aig iomall a' Mhòid a' gabhail a-steach gnìomhan do chlann is teaghlaichean, aig ionadan timcheall air meadhan a' bhaile. Leanaidh sinn oirnn a' togail air soirbheachas na fèise.

Tha Siorrachd Rinn Friù mar chomhairle gu daingeann airson cothroman air foghlam Gàidhlig a thoirt do mhuinntir an àite agus airson daoine a tha ag iarraidh seo san àm ri teachd. Tha

Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn, a’ toirt cothrom do sgoilearan a tha a’ tòiseachadh ann am bun-sgoil 1 cothrom fhaighinn air solar ionadail ann an ionad sònraichte. Cuideachd, tha grunn sgoilearan à Siorrachd Rinn Friù a’ dèanamh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) ann an sgoiltean ann an ùghdarrasan eile faisg air làimh. Tha e coltach gun lùghdaich iartas airson foghlam ann an ùghdarrasan eile faisg air làimh le tìde às dèidh dhan t-solar aig Siorrachd Rinn Friù a bhith air a stèidheachadh gu math. **Tha FtG a’ leantainn “Curraicealam airson Sàr-mhathais” mar a tha sgoiltean eile na h-Alba.** ’S e an t-eadar-dhealachadh gu bheilear a’ teagasg tron Ghàidhlig. ’S e seòrsa de dh’fhoghlam bogaidh a th’ ann am FtG, far is e a’ Ghàidhlig an t-aon chànan airson ionnsachadh, teagasg agus measadh anns a’ chiad trì bliadhna den bhun-sgoil. Bho BS4 gu BS7, tha foghlam bogaidh a’ leantainn air adhart, le Beurla air a toirt a-steach. Bho BS4 a-mach, às dèidh dhan Beurla a bhith air a toirt a-steach, tha a’ Ghàidhlig fhathast mar phrìomh chànan an t-seòmair-sgoile .

Tha a’ Ghàidhlig ga cleachdadh airson an ionnsachaidh is teagaisg air fad sa chiad 2 bhliadhna sa bhun-sgoil, agus thathar a’ toirt a-steach na Beurla airson leughadh is sgrìobhadh bho chlas 3 a-mach. San Àrd-sgoil, tha a’ Ghàidhlig ga cleachdadh airson teagasg is ionnsachadh airson an uiread ’s a ghabhas de chuspairean.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a’ Bheurla.

’S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a’ toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarras poblach Plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a’ Ghàidhlig, le bhith a’ togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a’ cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a’ cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a’ conaltradh ris a’ phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a’ Ghàidhlig.

Thathar air Plana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha taic Comhairle Rinn Friù ri prìomh amas Phlana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2023–2028 gus cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig àrdachadh.

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair anns na trì prìomhachasan seo:-

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- A' cur ris na cothroman aig daoine a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den obair làitheil againn
- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo dèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

In-sgrùdadh air comas cànan

Cumaidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù oirre a' dèanamh ath-sgrùdadh air an dàta a tha ri fhaotainn gus tuigse fhaighinn air na sgilean Gàidhlig a tha taobh a-staigh an ùghdarrais. Far a bheil e iomchaidh cuiridh sinn ri seo leis na sgrùdaidhean comais againn fhèin gus feumalachdan ionadail a chomharrachadh agus gus na gnìomhan a tha san amharc againn ùrachadh. Cuiridh am fiosrachadh seo ris a' Phlana seo agus bidh e ri fhaighinn gu poblach.

Co-chomhairleachadh air an Dhreachd Plana Gàidhlig

A rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 rinn a' Chomhairle co-chomhairleachadh seachd seachdainean air an dreachd Phlana Gàidhlig eadar an Lùnastal agus an t-Sultain 2022. Am measg nam prìomh ghnìomhan, tha:

- Fios mun cho-chomhairle air làrach-lìn na Comhairle
- Chaidh tionndadh Gàidhlig is Beurla den dreachd Phlana a thoirt do leabharlannan uile Siorrachd Rinn Friù
- Togail mothachadh tro shianalan meadhanan sòisealta na Comhairle agus aig com-pàirtichean ionadail
- Tachartas conaltraidh poblach, agus
- Fiosan naidheachd ionadail

Uile gu lèir, fhuaradh 121 freagairtean dhan cho-chomhairle. A rèir fios air ais bhon cho-chomhairle, dh'fhaodadh piseach a thoirt air conaltradh agus air mothachadh mu dhleastanasan reachdail na Comhairle bho Achd 2005. Tha na h-amasan agus na gnìomhan a tha air am mìneachadh sa Phlana a' sealltainn ar n-obair gus inbhe, ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig àrdachadh gu h-ionadail gus na dleastanasan sin a choileanadh.

Chomharraich luchd-freagairt cuideachd gum feumar a bhith a' sealltainn nach toir cur an gnìomh amasan a' Phlana bacadh air solar seirbheisean eile. Is e ceist chudromach a tha seo, agus bidh fòcas air a bhith a' cleachdadh ghoireasan gu h-èifeachdach agus ann an deagh àm gus dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachd phlanaichte a' cur luach ri raon farsaing de bhuilean.

Tha cothrom ann dhan Chomhairle cuideachd sgrùdadh agus aithris coileanaidh a leasachadh thar beatha a' Phlana, agus thèid seo a thoirt air adhart tro bhith a' stèidheachadh buidheann sgrùdaidh ùr. Bidh e na phrìomh bhuil a bhith ag aithris barrachd air adhartas gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd chothroman aig na coimhearsnachdan againn gus ar coileanaidhean a sgrùdadh.

2. PRÌOMH-PHRIONNSABALAN

Tha còig prìomh phrionnsabalan mar bhunait ri Plana Gàidhlig Chomhairle Siorrachd Rinn Friù: co-ionannachd spèis, tairgse ghnìomhach, àbhaisteachadh, treas phàrtaidhean agus pàrantachd chorporra. Tha an earrann a leanas a' comharrachadh ar dealas do na prionnsabalan sin agus mar a thèid an cur an sàs tron Phlana agus tro na gnìomhan againn co-cheangailte ris.

Spèis cho-ionann

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair acasan.

Nì Comhairle Siorrachd Rinn Friù cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

Tairgse Ghnìomhach

Bidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' tairgsinn nan seirbheisean Gàidhlig againn gu gnìomhach dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Le seo tha sinn a' ciallachadh gu bheil seirbheisean Gàidhlig na Comhairle follaiseach agus ruigsinneach do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a tha iad fhèin air am brosnachadh gu gnìomhach gus an cleachdadh.

Bheir an dòigh obrach seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan aca a choileanadh mas e sin a thaghas iad.

Nì sinn cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

Àbhaisteachadh

Nì Comhairle Siorrachd Rinn Friù a dìcheall gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig a' phoball agus aig an luchd-obrach againn gus Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, a' cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028 gus cur ri ionnsachadh agus cleachdadh na Gàidhlig.

Treas-phàrtaidhean

Far a bheil e iomchaidh, bidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' sireadh taic bho Bhuidhnean Leth-eisimeileach agus cunnradairan eile gus cuideachadh le lìbhrigeadh Plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.

Pàrantan Corporra

Bidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' coileanadh a dleastanasan mar Phàrant Corporra agus cumaidh i oirre a' dèanamh cinnteach gum faigh clann agus daoine òga aig a bheil eòlas air cùram agus luchd-fàgail cùraim taic agus stiùireadh a rèir am feumalachdan cànan is conaltraidh, a' gabhail a-steach luchd-cleachdaidh na Gàidhlig.

3. GEALLTANASAN A' PHLANA

Amasan Àrd-ìre

Chaidh Amasan Àrd-ìre Chomhairle Siorrachd Rinn Friù a cho-chruthachadh le taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Tha na h-amasan àrd-ìre a' comharrachadh gnìomhan ro-innleachdail, dlùth-cheangailte ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2023-2028.. Tha iad stèidhichte timcheall air na trì cinn ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig:

- A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig
- A' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Tha na gealltanasan a tha air am mìneachadh gu h-ìosal nam prìomh phàirt de mheasadh foirmeil agus tha iad air an cleachdadh mar bhunait gus coileanadh agus buaidh a thomhas.

A' cur ri cleachdadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Brosnaich cleachdadh na Gàidhlig gu gnìomhach ann an conaltradh eadar am poball agus a' Chomhairle agus taobh a-staigh na coimhearsnachd far a bheil sin iomchaidh.
Buil a tha air a mholadh	Tha a' coimhearsnachd Ghàidhlig againn mothachail air farsaingeachd solar Gàidhlig na Comhairle agus tuigidh iad mar a gheibh iad cothrom/com-pàirt a ghabhail ann.
Cleachdadh làithreach	Tha ullachadh an sàs airson seirbheisean eadar-mhìneachaidh agus eadar-theangachaidh do luchd-cleachdaidh aig nach eil Beurla.
Gnìomhan a dhìth	Dòigh-obrach for-gnìomhach a bhith againn gus susbaint Ghàidhlig iomchaidh a bhrosnachadh ann an dòigh a tha ruigsinneach do na coimhearsnachdan againn.
Ceann-latha targaid	Am Màrt 2029.

A' cur ri ionnsachadh na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Cumaidh sinn oirnn a' brosnachadh com-pàirt ann an ionnsachadh na Gàidhlig aig gach ìre, bho thràth-bhliadhnaichean gu foghlam inbheach, leis an amas cur ris an ìre cleachdaidh.
Buil a tha air a mholadh	Tha cothroman ionnsachaidh Gàidhlig gam brosnachadh gu gnìomhach nar coimhearsnachdan agus bidh fiosrachadh ri

	fhaotainn gus taic a thoirt dhaibhsan a tha airson pàirt a ghabhail.
Cleachdadh làithreach	Tha uallach air luchd-ùidh fa leth gus gnìomhan fa leth a bhrosnachadh.
Gnìomhan a dhìth	<p>Meudaich ruigsinneachd agus mothachadh air cothroman ionnsachaidh tro cho-obrachadh, sanasachd agus co-roinn fiosrachaidh nas fheàrr.</p> <p>Dèan sgrùdadh air solar Gàidhlig mar L3 aig an àm seo. Tha L3 na dàrna cànan eadar-dhealaichte a tha air a thoirt a-steach bhon dàrna ìre/BS5 air adhart .</p> <p>Às dèidh dhan sgrùdadh a bhith deiseil, bu chòir plana leasachaidh a chur an gnìomh gus àrdachadh a thoirt air an àireimh de sgoiltean le Gàidhlig mar L3.</p> <p>Gheibh tidsearan a chlàraicheas ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig trèanadh iomchaidh.</p> <p>Rannsaich cothroman airson foghlam tràth-bhliadhnaichean agus àrd-sgoile Gàidhlig.</p>
Ceann-latha targaid	Am Màrt 2029.

Amas Àrd-ìre	Gabh os làimh an dleastanas fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic, mar a bhios iomchaidh, do dh'fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig do luchd-còmhnaidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù.
Buil a tha air a mholadh	Tha làn fhios aig teaghlaichean mu na roghainnean agus na cothroman aca a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Tha fios mu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ga thoirt do phàrantan agus luchd-cùraim tro phròiseas clàraidh BS1 agus tro làrach-lìn na Comhairle.
Gnìomhan a dhìth	Dèan conaltradh le teaghlaichean agus dèan measadh air ruigsinneachd agus càileachd conaltraidh a thaobh FtG, a' gabhail a-steach fios air ais far a bheil sin iomchaidh gus am pròiseas seo a neartachadh.
Ceann-latha targaid	Am Màrt 2026.

Amas Àrd-ìre	Cumaidh sinn oirnn a' toirt fios do phàrantan gu bheil còir aca foghlam tro mheadhan na Gàidhlig iarraidh airson an cuid chloinne.
Buil a tha air a mholadh	Tha làn fhios aig pàrantan/luchd-cùraim mun chòir aca foghlam tro mheadhan na Gàidhlig iarraidh, mu na roghainnean a tha rim faighinn agus mun phròiseas gus sin a dhèanamh.
Cleachdadh làithreach	(Pròiseas airson clàradh airson solar taobh a-muigh an ùghdarras) Faodaidh teaghaichean iarraidh gun dèan a' Chomhairle ath-sgrùdadh air an fheum air solar Foghlam Bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	Dèan conaltradh le pàrantan/luchd-cùraim gus an ìre mothachaidh aca a thomhas agus gnìomhan a chomharrachadh gus seo a neartachadh.
Ceann-latha targaid	Am Màrt 2026.

Amas Àrd-ìre	Lean air adhart ag obair le com-pàirtichean gus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a sholarachadh aig ìre bun-sgoile agus àrd-sgoile le sùil ri bhith a' cur ri àireamhan cleachdaidh.
Buil a tha air a mholadh	Tha iarrtas airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air a thomhas, agus tha cothroman co-rèireach air an comharrachadh, an coimeas ris a' chomas-lìbhrigidh agus na goireasan a tha rim faighinn.
Cleachdadh làithreach	Chan eil foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ga thabhann an-dràsta.
Gnìomhan a dhìth	Dèan conaltradh le sgoiltean agus ionadan tràth-ionnsachaidh gus iarrtas a mheasadh agus obraich le com-pàirtichean gus a h-uile cothrom iomchaidh a chomharrachadh.
Ceann-latha targaid	Am Màrt 2026.

A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Amas Àrd-ìre	Mar dhìleab aig Mòd Nàiseanta Rìoghail 2023 ann am Pàislig, brosnach barrachd chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh san sgìre.
Buil a tha air a mholadh	Barrachd mothachaidh air luach na Gàidhlig agus a cultar.
Cleachdadh làithreach	Thèid an t-Aonad Gàidhlig ann am Bun-sgoil an Iar a bhrosnachadh tro phlana conaltraidh bliadhna na comhairle. Tha tachartasan Gàidhlig mar phàirt de phrògram thachartasan na comhairle.

	Tha maoinachadh air a thoirt seachad tro phrògram thabhartasan cultarail na comhairle gus taic a chumail ri Fèis Phàislig.
Gnìomhan a dhìth	<p>Brosnaich abairtean feumail sa Ghàidhlig tro làrach-lìn luchd-tadhail Siorrachd Rinn Friù, Paisley.is agus air làrach-lìn na comhairle.</p> <p>Cùm oirnn a’ brosnachadh agus a’ toirt taic do ghnìomhachd Fèis Phàislig agus prògram conaltraidh nan sgoiltean.</p> <p>Thoir seachad àrd-ùrlar do luchd-ciùil traidiseanta Siorrachd Rinn Friù tro phrògram thachartasan na comhairle.</p> <p>Leanaidh sinn oirnn a’ toirt taic dhan chòisir Ghàidhlig agus ag obair còmhla ri Fèis Phàislig gus cothroman ciùil Gàidhlig a bhrosnachadh dhan òigridh againn.</p> <p>Cùm oirnn a’ dèanamh cinnteach gu bheil cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh ann am prògraman tachartasan na comhairle.</p>
Ceann-latha targaid	Leantainneach.

Amasan airson Seirbheisean Corporra

Tha na h-Amasan Seirbheis Corporra a leanas air an suidheachadh le Bòrd na Gàidhlig agus feumaidh iad a bhith nam pàirt de Phlana Gàidhlig Siorrachd Rinn Friù.

Tha prìomh àite aig na h-amasan sin cuideachd ann an sgrùdadh agus lèirmheas, agus feumaidh a' Chomhairle nochdadh gu bheil adhartas ann mean air mhean thar ùine le sùil ris na builean a thathar ag iarraidh a choileanadh.

Inbhe

Buil a thathar ag iarraidh	Suaicheantas agus brannd Amas an suaicheantas corporra agus am branndadh a thoirt seachad an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Chan eil suaicheantas agus/no branndadh Gàidhlig aig Comhairle Siorrachd Rinn Friù aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Cruthaich suaicheantas agus branndadh Gàidhlig agus aig àm ath-nuadhachaidh sam bith, cruthaichidh sinn suaicheantas dà-chànanach a' bhios a' nochdadh co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

Buil a thathar ag iarraidh	Soidhnichean Bidh soidhnichean follaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Cha bhi Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' beachdachadh gu cunbhalach air buannachdan shoidhnichean Gàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	Mar phàirt de phròiseas ath-nuadhachaidh sam bith, cuiridh sinn suas shoidhnichean, dà-chànanach follaiseach, gu h-àraidh aig Taigh Siorrachd Rinn Friù, a tha a' toirt spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

Conaltradh leis a' phoball

Buil a thathar ag iarraidh	Brosnachadh Teachdaireachd gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball daonnan.
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh làithreach a' coileanadh nam builean gu h-àrd.
Gnìomhan a dhìth	Cuir ri faicsinneachd cleachdadh na Gàidhlig nuair a thathar a' conaltradh ris a' chomhairle. Bidh teachdaireachdan air an làraich-lìn againn gus conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball a bhrosnachadh. Cruthaich plana brosnachaidh bliadhnail airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

Buil a thathar ag iarraidh	Conaltradh sgrìobhte Bithear daonnan a' gabhail ri Conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus bheirear seachad freagairtean sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheinn.
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh làithreach a' coileanadh na buil gu h-àrd.
Gnìomhan a dhìth	'S e am poileasaidh làithreach againn a bhith a' gabhail ri conaltradh a gheibhear sa Ghàidhlig agus a bhith ga fhreagairt sa Ghàidhlig. Leanaidh sinn oirnn leis a' phoileasaidh làithreach ach cuideachd cuiridh sinn ri brosnachadh agus mothachadh air ceumannan gus dèanamh cinnteach gum bi seo agus amasan corporra Gàidhlig eile air an tuigsinn nas fheàrr thar nan Seirbheisean air fad.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

Buil a thathar ag iarraidh	Fàilteachas is fòn Far am bi e comasach do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, thèid taic a chumail riutha gus seo a dhèanamh agus thèid an t-seirbheis a bhrosnachadh dhan phoball.
Cleachdadh làithreach	Tha luchd-obrach le Gàidhlig a' faighinn taic gus an t-seirbheis seo a thoirt dhan phoball.

Gnìomhan a dhìth	Bidh fios aig luchd-obrach gun toir a' Chomhairle taic do chothroman trànaidh/leasachaidh iomchaidh gus abairtean bunaiteach Gàidhlig ionnsachadh gus fàilte a chur air daoine.
Ceann-latha targaid	Bliadhna.

Buil a thathar ag iarraidh	Coinneamhan poblach Tha cothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gan sireadh agus gam brosnachadh gu cunbhalach.
Cleachdadh làithreach	Thathas a' gabhail ri prionnsabalan co-ionannachd is iomadachd agus tha cùisean co-cheangailte ri coinneamhan dà-chànanach air am measadh gach cùis ma seach.
Gnìomhan a dhìth	Brosnaich an roghainn gu gnìomhach gus coinneamhan poblach a chumail san dà chànan no sa Ghàidhlig far a bheil iad buailteach a bhith gu sònraichte iomchaidh dhan choimhearsnachd Ghàidhlig.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

Fiosrachadh

Buil a thathar ag iarraidh	Fiosan Naidheachd Bithear a' sgaoileadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh làithreach	Chaidh fiosrachadh mu Ghàidhlig ann an sgoiltean a-mach sa Bheurla a-mhàin roimhe.
Gnìomhan a dhìth	San àm ri teachd, bidh an t-susbaint uile mu Ghàidhlig ann an sgoiltean sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Ceann-latha targaid	Leantainneach.

Buil a thathar ag iarraidh	Meadhanan Sòisealta Bithear a' sgaoileadh fios gu cunbhalach tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de chleachdadh aig an àm seo agus den ìre a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd.
----------------------------	---

Cleachdadh làithreach	Chaidh fiosrachadh mu Ghàidhlig ann an sgoiltean a-mach sa Bheurla a-mhàin roimhe. Bha Gàidhlig mar phàirt den a h-uile post co-cheangailte ris a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail.
Gnìomhan a dhìth	San àm ri teachd, bidh an t-susbaint uile mu Ghàidhlig ann an sgoiltean sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Thèid fiosrachadh co-cheangailte ri Gàidhlig ann an sgoiltean fhoillseachadh gu dà-chànanach le amas co-dhiù 3 postaichean dà-chànanach fhoillseachadh gach bliadhna.
Ceann-latha targaid	Leantainneach agus bliadhnail.

Buil a thathar ag iarraidh	Làrach-lìn Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh as motha de dhaoine fhaicinn.
Cleachdadh làithreach	Tha an duilleag-lìn làithreach mun Ghàidhlig sna sgoiltean ri fhaighinn sa Bheurla.
Gnìomhan a dhìth	Ùraich am fiosrachadh air an duilleig mun Ghàidhlig sna sgoiltean agus cuir sa Ghàidhlig agus sa Bheurla e.
Ceann-latha targaid	Leantainneach.

Buil a thathar ag iarraidh	Foillseachaidhean Corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine
Cleachdadh làithreach	Tha sgrìobhainnean rim faighinn ann an cànanan eile nuair a thèid seo iarraidh.
Gnìomhan a dhìth	Còmhla ri ar co-obraichean poileasaidh, comharraichidh sinn foillseachaidhean corporra, leithid Plana na Comhairle far am biodh e freagarrach tionndaidhean Gàidhlig a dhèanamh, an dàrna cuid na foillseachaidhean slàn no geàrr-chunntasan.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

Buil a thathar ag iarraidh	Taisbeanaidhean Bu chòir coimhead air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach, le prìomhachas air a thoirt dhan fheadhainn leis a' bhuidh as
----------------------------	--

	motha.
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh làithreach a' coileanadh na buil gu h-àrd.
Gnìomhan a dhìth	Ullaichidh sinn stiùireadh mu chleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean far a bheil Gàidhlig na cuspair cudromach.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

Luchd-obrach

Buil a thathar ag iarraidh	In-sgrùdadh Dèan sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.
Cleachdadh làithreach	Leasachadh na buidhne air a stiùireadh gu corporra. Feumalachdan trèanaidh luchd-obrach air an co-òrdanachadh aig ìre sgioba/seirbheis, a' gabhail a-steach trèanadh ann an sgilean Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh dhan dreuchd.
Gnìomhan a dhìth	Dèan sgrùdadh air an taobh a-staigh air fiosrachadh aig ìre buidhne agus aig ìre sgioba/luchd-obrach far a bheil sin iomchaidh dhan dreuchd. Cleachd lèirsinn eile a tha ri fhaighinn far a bheil e a' buntainn ri luchd-obrach Siorrachd Rinn Friù.
Ceann-latha targaid	Am Màrt 2026.

Buil a thathar ag iarraidh	Inntrigeadh Eòlas air plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich mar phàirt den phròiseas inntrigidh do luchd-obrach ùra.
Cleachdadh làithreach	Tha stuthan inntrigidh do luchd-obrach a gheibhear tro àrd-ùrlaran ionnsachaidh a' gabhail a-steach fiosrachadh mun Phlana Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	Dèan cinnteach gu bheil stuthan a' comharrachadh a' Phlana Ghàidhlig.
Ceann-latha targaid	Lean oirnn leis a' chleachdadh làithreach.

Buil a thathar ag iarraidh	Trèanadh cànan Trèanadh is leasachadh ann an sgilean Gàidhlig gu bhith air a thabhann dhan luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur an gnìomh Plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.
----------------------------	--

Cleachdadh làithreach	Chan eil trèanadh is leasachadh gan thabhann dhan luchd-obrach aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Thèid cothroman trèanaidh is leasachaidh a thabhann do luchd-obrach a rèir toradh sgrùdaidh nan sgilean. Cumar taic ri iarrtasan ad hoc far a bheil seo iomchaidh dhan dreuchd
Ceann-latha targaid	An Dùbhlachd 2026

Buil a thathar ag iarraidh	Trèanadh mothachaidh Trèanadh mothachaidh Gàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh gu dìreach leis a' mhòr-shluagh.
Cleachdadh làithreach	Chan eil trèanadh mothachaidh ga thairgsinn an-dràsta.
Gnìomhan a dhìth	Beachdaich air a bhith a' cleachdadh mhodalan trèanaidh a th' ann mar-thà tro iLearn ann an co-obrachadh le Bòrd na Gàidhlig.
Ceann-latha targaid	An Dùbhlachd 2026

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh tron ùghdarras phoblach air fad.
Cleachdadh làithreach	Bithear a' dèanamh seo air stèidh cùis fa leth aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Bidh seo mar phàirt den ath-sgrùdadh air a' phoileasaidh fastaidh a bhios deiseil ro dheireadh 2025.
Ceann-latha targaid	Ro dheireadh 2025.

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh A' Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no buannachdail ann an dealbhan-obrach gus am Plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir stiùireadh fastaidh Bhòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	'S ann air luchd-obrach air feadh na Comhairle a tha an dleastanas airson Plana Gàidhlig a libhrigeadh.
Gnìomhan a dhìth	Dèan lèirmheas bliadhnaile air a bhith a' stèidheachadh dreuchd mar Oifigear Gàidhlig agus beachdaich air cothroman maoineachaidh sam bith còmhla ri ùghdarrasan ionadail eile .
Ceann-latha targaid	Bliadhnaile.

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh làithreach a' coileanadh na buil gu h-àrd. Tha cothrom aig na sgiobaidhean fastaidh agus aig ar co-obraichean air feadh na Comhairle air seirbheisean eadar-theangachaidh.
Gnìomhan a dhìth	Thèid beachdachadh air seo mar phàirt den ath-sgrùdadh air a' phoileasaidh fastaidh air a bheil iomradh gu h-àrd.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le lèirmheas gu bhith air a dhèanamh ro dheireadh 2025.

Corpas na Gàidhlig

Buil a thathar ag iarraidh	Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.
Cleachdadh làithreach	Bidh stuthan Gàidhlig a nì Comhairle Siorrachd Rinn Friù a' cleachdadh nan Gnàthasan Litreachaidh Gàidhlig as ùire.
Gnìomhan a dhìth	Foillsich an tionndadh as ùire de Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig - https://www.sqa.org.uk/sqa/45356.html - agus cuir a-steach stiùireadh air a' Ghàidhlig airson 'Renfrewshire Council' - Comhairle Shiorrachd Rinn Friù.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

Buil a thathar ag iarraidh	Ainmean-àite Bithear a' sireadh is a' leantainn comhairle air ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.
Cleachdadh làithreach	Thèid beachdan Ainmean-Àite na h-Alba iarraidh mar a bhios iomchaidh
Gnìomhan a dhìth	Lean oirnn a' gabhail comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba gus dèanamh cinnteach gun cùm sinn ar misneachd a thaobh cleachdadh ainmean-àite Gàidhlig ceart.
Ceann-latha targaid	Leantainneach, le ath-sgrùdadh ron aithisg sgrùdaidh reachdail.

4. FOILLSEACHADH

Foillseachadh agus sanasachd a' phlana

Tha an earrann seo a' mìneachadh nan ceumannan a ghabhas Comhairle Siorrachd Rinn Friù agus am Plana fhoillseachadh agus a shanasachadh do luchd-ùidh a-staigh agus a-muigh. Cuiridh seo ri mothachadh air a' Phlana agus na gealltanasan a tha na lùib.

Air an taobh a-staigh

Thèid am Plana fhoillseachadh air làrach-lìn Chomhairle Siorrachd Rinn Friù. Bidh e a' dol le cruinneachadh de phrìomh sgrìobhainnean ro-innleachdail eile, a' daingneachadh ìomhaigh agus cudromachd a' Phlana. Bidh dòighean conaltraidh air an taobh a-staigh air an cleachdadh gus foillseachadh a' Phlana a chomharrachadh agus gus prìomhachasan agus gnìomhachd a tha gu bhith ann a chur am follais barrachd.

Ceanglaichean a-muigh

Thèid Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Rinn Friù fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta
- sgaoilidh sinn lethbhreacan do bhuidhnean com-pàirteachaidh, a' mìneachadh an dleastanais aca ann an lìbhrigeadh a' phlana
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis
- cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

5. A' GOIREASACHADH A' PHLANA

Bidh na cosgaisean co-cheangailte ri goireasachadh a' phlana seo air an àbhaisteachadh taobh a-staigh buidseatan na Comhairle a th' ann mar-thà. Thèid coimhead air cothroman maoinachaidh far a bheil iad a rèir prìomh ghnìomhachd a' Phlana. Thèid cuireadh a thoirt do luchd-ùidh luach a chur ris tro ghnìomhachd cho-obrachail.

6. A' SGRÙDADH A' PHLANA

Tha a' Chomhairle air Buidheann Sgrùdadh Plana Gàidhlig a stèidheachadh gus taic a chumail ri libhrigeadh, sgrùdadh agus measadh a' Phlana seo.

Coinnichidh a' bhuidheann dà uair sa bhliadhna gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air adhartas mu choinneamh ghealltanasan agus gus aithisg adhartais bliadhnail ullachadh do Bhòrd na Gàidhlig. Thèid a' chiad aithisg seo fhoillseachadh 12 mìosan às dèidh dhan Phlana a bhith air aontachadh.

Nì a' bhuidheann cinnteach gum bi aithisgean adhartais bliadhnail rim faighinn air-loidhne gus dèanamh cinnteach gun urrainn do choimhearsnachdan sùil a chumail air an adhartas againn.

7. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGH DARRAS PHOBLACH

Uallach airson a' phlana air a' cheann thall

Ceannard Poileasaidh is Chom-pàirteachasan

Uallach làitheil airson a' phlana

Manaidsear Ro-innleachd, Poileasaidh agus Lèirsinn.

Buidhnean Leth-eisimeileach is Treas Pàrtaidhean

Co-roinnidh Comhairle Siorrachd Rinn Friù am Plana le OneRen agus cleachdaidh iad eòlas a thaobh gnìomhachd chultarach is cur-seachadan, agus far am b' urrainn seo cur ri geallaidhean a' Phlana. Bidh a' Chomhairle mothachail air na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann tro na pròiseasan coimiseanaidh aice agus nì iad rannsachadh orra sin far a bheil sin iomchaidh.

Seirbheis an Àrd-oifigeir

Comhairle Siorrachd Rinn Friù

Taigh Rinn Friù

Sràid Cotton

Pàislig

PA1 1BR

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 28 Màrt 2024.

www.renfrewshire.gov.uk



Renfrewshire
Council